Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release

Please scroll down for English Version

17/02/2017

Co-chomhairleachadh Poblach air an Treas Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2017-22

Chaidh an co-chomhairleachadh poblach air an treas Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a thòiseachadh an-diugh, plana le ro-innleachd gus an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba a chur am meud.

Thuirt Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Ailean Dòmhnallach, agus e a' foillseachadh a' Phlana san Old Fruitmarket ann an Glaschu ro Chuirm nan Duaisean airson na farpais chliùitich FilmG: "Tha am Plana seo a' sealltainn dòighean cothromach gus a' Ghàidhlig a chur air adhart agus airson piseach a thoirt air suidheachadh a' chànain. Tha e gu h-àraidh a' comharrachadh foghlam, ionnsachadh, coimhearsnachdan, na h-ealain, na meadhanan agus

dualchas mar mheadhan gus an t-amas sin a thoirt gu buil ann an Alba thairis air an ath chòig bliadhna.”

Lean e air: “Ged a tha e an urra ri Bòrd na Gàidhlig Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig ullachadh, agus a bhith os cionn na h-obrach gus iomadh pàirt dheth a lìbhrigeadh, ’s ann le Alba gu lèir a tha a’ Ghàidhlig agus bidh aig a h-uile duine ri pàirt a ghabhail ann a bhith toirt a’ Phlana gu buil. Mar as motha de dhaoine a ghabhas uallach os làimh airson a’ Phlana, ’s ann nas soirbheachaile a bhios e. Mar sin, tha e fìor chudromach gun gabh an àireamh as motha as urrainnear de dhaoine, buidhnean is mòr-bhuidhnean pàirt sa cho-chomhairleachadh phoblach seo airson dèanamh cinnteach gum faigh sinn Plana airson Alba gu lèir a tha air a dhealbh le taic bho mhuinntir na h-Alba.”

Thuirt Iain Swinney, Leas-phrìomh Mhinistear na h-Alba agus Rùnaire a’ Chaibineit airson Foghlaim: “Tha sinn air adhartas fìor mhath fhaicinn a thaobh taice don Ghàidhlig agus adhartachadh na Gàidhlig ann an grunn raointean air feadh Alba sna beagan bhliadhnaichean a dh’fhalbh. Tha sin gu h-àraidh fìor a thaobh foghlaim, na meadhanan agus na h-ealain agus tha e mar thoradh air an obair chruaidh agus na h-oidhirpean mòra a tha daoine fa leth agus buidhnean a’ dèanamh airson na Gàidhlig.

“Tha mi cinnteach gun cùm sinn oirnn a’ togail air an obair ionmholta sin tro na gealltanasan a chithear san dreachd seo den Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig air a bheilear a’ cumail co-chomhairleachadh. Leis a’ Phlana, faodaidh Bòrd na Gàidhlig na ceumannan a chur an cèill a chuidicheas sinn le bhith toirt fàs is piseach air suidheachadh na Gàidhlig thairis air an ath 5 bliadhna agus bhrosnaichinn daoine gu bhith toirt bheachdan seachad air a’ Phlana.”

Thathar a’ foillseachadh a’ Phlana air an aon seachdain ’s a tha Bòrd na Gàidhlig a’ toirt maoineachadh seachad airson pròiseact dràma Gàidhlig ùr. Chuir Bòrd na Gàidhlig pròiseact dràma a-mach gu tairgse o chionn ghoirid agus b’ iad *Theatre Gu Leòr* a shoirbhich leis an tairgse acasan gus dealbh-chluich phroifeiseanta Ghàidhlig a dhèanamh a bhios a’ dol air chuairt ann an coimhearsnachdan air feadh Alba, agus aig an aon àm bidh a’ chompanaidh dràma a’ tabhann chothroman trèanaidh do dhaoine le ùidh ann an roinn an dràma fhad ’s a tha iad ag obair air an dealbh-chluich.

A’ cur fàilte air an naidheachd, thuirt Catrìona Lexy Chaimbeul aig Theatre Gu Leòr: “Tha sinn air ar dòigh glan gun do shoirbhich le Theatre Ge Leòr leis an tairgse againn airson a’ phròiseict fìor chudromach seo. Tha àite mòr aig na h-ealain, agus dràma mar phàirt dhiubh, ann a bhith toirt a’ chànain air adhart, agus tha sinn gu math toilichte gun urrainn dhuinn taic a thoirt dhan adhartachadh sin aig ìre coimhearsnachd agus ìre nàiseanta. Tha sinn cuideachd a’ cur fàilte air a’ cho-chomhairleachadh phoblach air an treas Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig, oir tha e a’ toirt cothrom dhan a h-uile duine againn ar beachdan is molaidhean a chur gu Bòrd na Gàidhlig ma tha sinn a’ smaoineachadh gun gabh am Plana a neartachadh a thaobh raointean mar dràma na Gàidhlig agus na h-ealain.”

Gheibhear an dreachd den Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2017-22 airson a' co-chomhairleachaidh phoblaich mar leabhran, no ann an cruth didseatach bho làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig www.gaidhlig.scot.

Tha an co-chomhairleachadh a' crìochnachadh aig 5f air 17 Cèitean 2017.

[DEIREADH]

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release

17/02/2017

Public Consultation on the Third National Gaelic Language Plan 2017-22

A public consultation process was launched today for the third National Gaelic Language Plan, setting out a strategy designed to grow the numbers learning and using Gaelic in Scotland.

Launching the Plan in the Old Fruitmarket in Glasgow, ahead of the evening's popular FilmG awards, Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Allan MacDonald, said: "This draft Plan sets out a balanced approach to further develop and promote the Gaelic language, highlighting the central roles of Gaelic education, learning, communities, arts, media and heritage, in Scotland for the next 5 years."

He went on: "While it is Bòrd na Gàidhlig's duty to prepare a National Gaelic Language Plan, and to take a lead in delivering many aspects of it, the Plan belongs to the whole of Scotland

with everyone playing a part in its delivery. It is only through a sense of shared ownership that it will have the best chance of success. It is therefore paramount that as many people, organisations and groups take part in the public consultation process so that the final version of the Plan is one for the whole of Scotland inspired by Scotland."

Deputy First Minister and Cabinet Secretary for Education, John Swinney, said: "We have seen excellent progress with Gaelic language support and development in a number of areas across Scotland over recent years. This is particularly true in the areas of education, media and the arts and this is down to the continuing hard work and strong effort of individuals and organisations involved.

"We will no doubt continue to build on this great work through the commitments in this consultation draft of the National Gaelic Language Plan. It will allow Bòrd na Gàidhlig to set out the steps that can help the Gaelic language to grow and flourish over the next 5 years and I would urge people to contribute their views on the Plan."

The launch comes on the same week as Bòrd na Gàidhlig awards funding towards a new Gaelic drama project. *Theatre Gu Leòr* has been successful in the Bord's recent tendering process in establishing a project to produce a professional Gaelic drama that will tour communities across Scotland, whilst at the same time offering on-the-job career development opportunities for those interested in working in the sector.

Welcoming the news, Catriona Lexy Campbell of Theatre Gu Leòr said: "We are delighted that Theatre Gu Leòr was successful in our application for this extremely important project. The Gaelic arts, including drama, play a key role in promoting and developing the language, and we are delighted to be able to support this at both community and national levels. We also would welcome the public consultation of the third National Gaelic Language Plan as it gives us all the opportunity to send Bòrd na Gàidhlig our thoughts and suggestions on strengthening the plan on matters like Gaelic drama and the arts."

The draft National Gaelic Language Plan 2017-2022 is available for public consultation in booklet form, or digitally on the Bòrd na Gàidhlig website at www.gaidhlig.scot.

The consultation period will close at 5pm on 17 May 2017.

[END]